

FULANGAS COIMHEARSNACHD

AGUS AN CURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS

Tha an abhainn ionadail air tuileachadh agus tha uisge tuile a' tòiseachadh a' tighinn a-steach do làr ìosal an taighe agad. Chan eil agad ach beagan mhionaidean airson sgrìobhainnean cudromach agus do chuid-seilbhe luachmhor a shàbhaladh bho dhamaist tuile.

Tha tuil de shneachd air do choimhearsnachd a ghearradh dheth bhon t-saoghal a-muigh agus air loidhnichean cumhachd agus loidhnichean fòn a mhilleadh. Dh'fhaodadh gum bi làithean mus tig cuideachadh. Ciamar a nì thu a' chùis? Dè mu dheidhinn do nàbaidhean aosta?

A bheil thu airson faighinn a-mach mar a nì thu ullachadh mu choinneamh chùisean èiginn agus thu fhèin is càch a chumail sàbhailte? Cùm ort a' leughadh airson tuilleadh fhaighinn a-mach mu fhulangas coimhearsnachd mar cho-theacsa ionnsachaidh taobh a-staigh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

A BHEIL THU DEISEIL?

A bheil thu deiseil airson fìor dhroch aimsir, fàilligeadh ghoireasan, tuileachadh no sgaoilidhean? Dèan cinnteach gum bi fios agad dè a nì thu. fiosrachadh, pacaig do bhaga, dean plana.



DÈ TH' ANN AM FULANGAS COIMHEARSNACHD?

Tha a' ghnàth-shìde againn ag atharrachadh agus tha coimhearsnachdan air feadh Alba a' sior thighinn fo bhuaidh thachartasan aimsire anabharrach agus tuileachadh a dh'fhaodas rathaidean a chasg, dachaighean a sgrios agus leantainn gu call cumhachd do mhiltean de dhaoine.

Tha àireamh de dhaoine air an àrd-thrèanadh ag obair fad an latha agus fad na h-oidhche ag ullachadh airson a leithid sin de chùisean èiginn agus ar coimhearsnachdan a dhìon nuair a thachras iad. Ach, nuair a bhuaileas cùisean èiginn cha bhi e comasach dhaibh a h-uile neach a chuideachadh sa bhad. Bidh iad a' cuimseachadh air an fheadhainn as so-leònte agus iadsan as motha a th' ann an cunnart. Dh'fhaodadh gun lorg thu thu fhèin le feum agad air dèiligeadh leat fhèin rid theaghlach agus nàbaidhean airson greis ùine. Sna suidheachaidhean sin, faodaidh gnìomhan air an coileanadh le daoine fa leth agus le coimhearsnachdan, diofar mòr a dhèanamh.

Tha fulangas coimhearsnachd mu dheidhinn choimhearsnachdan is dhaoine fa leth a' cleachdadh an stòrasan agus an sgilean coitcheann gus iad fhèin a chuideachadh gu ullachadh, dèiligeadh ri agus faighinn thairis air cùisean èiginn.

FAIDHLE FIOSRACHAIDH

- Tha oithirean an iar agus a tuath Alba a' faighinn eadar 45%-51% a bharrachd de shileadh-uisge sa gheamhradh na bha ann an 1961.
- B' e an Dùbhlachd 2015 bu fhliuiche a bh' air a chlàradh ann an Alba.
- Dh'adhbharaich tuileachadh tarsainn an RA ann an 2015 tuairmse de £5 billean damaist.
- Ann an Alba, tha 108,000 togalaichean ann an cunnart bho thuileachadh, le 73% dhiubh mar thaighean còmhnaidh.
- Thug tuileachadh geamhraidh buaidh air còrr air 1,000 togalach thar na Nollaige 2015.

B' e 2015 a' bhliadhna bu bhlàithe a chaidh a chlàradh. Tha luchd-saidheans a' tuairmseadh gu bheil an teothachd chruinneil chuibheasach air meudachadh 1°C thairis air ìrean ro-ghnìomhachasail. Dh'fhaodadh seo èirigh 2°C gu 6°C ro dheireadh na linne.

- Chosg Riaghaltas na RA £473 millean air stòradh chungaidhean-leigheis mar ullachadh do bhriseadh a-mach air cnatan-mòr nam mucan.



Gheàrr cur-shneachd ana-mhòr air Eilean Arainn ann an 2013 cumhachd gu 3,876 taighean suas ri 8 làithean. Chaidh loidhnichean fòn, an dà chuid fònaichean taighe is làimhe, a chur a-mach à feum. Bha ruigsinneachd air ceann a tuath is deas, agus taobh siar an eilein air a chasg le cuibheachan sneachda suas gu còig troighean deug a dh'àirde.

TOGAIL CHEANGLAICHEAN

Ann am planadh ionnsachadh co-cheangailte ri fulangas coimhearsnachd, tagh na co-theacsaichean airson ionnsachadh as buntainniche don sgìre ionadail agad. Dh'fhaodadh gum bi thu airson beachdachadh cuideachd air mar a dh'fhaodas sin taic a chur ri ionnsachadh taobh a-staigh agus tarsainn raointean den churraicealam.

STEM – tha fulangas coimhearsnachd a' solarachadh co-theacsa brosnachail airson cuspairean STEM (Saidheans, Teicneòlas, Einnseanaireachd agus Matamataig). Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach ionnsachadh mu na dòighean sa bheil einnseanairean a' dìon choimhearsnachdan bho uisge thuiltean no mar as urrainn do theicneòlas faireachdainneach fad' às rabhadh tràth a thoirt do choimhearsnachdan ann an cunnart. Dh'fhaodadh e cuideachd a bhith a' gabhail a-steach cleachdadh air matamataig gus dàta a mhion-sgrùdadh agus planaichean logastachdail a leasachadh gus a dhèanamh cinnteach gum faigh mòran choimhearsnachdan taic ann an aithghearrachd.

Ionnsachadh airson seasmhachd (LFS) – tha LFS [[Ionnsachadh airson Seasmhachd](#)] a' fighe saoranachd chruinneil, ionnsachadh a-muigh agus foghlam leasachaidh seasmhach còmhla ann an dòigh-obrach iomlan sgoile is coimhearsnachd. Is e dòigh-obrach a th' ann a thaobh ionnsachadh, beatha agus obair a tha a' comasachadh luchd-ionnsachaidh a dhol an sàs ann an cùisean fìor shaoghalta agus a' cuideachadh le comann-sòisealta a thogail a tha nas seasmhaiche, dligeach gu sòisealta agus cothromach. Tha LFS a' ceangal dhaoine òga ri cùisean cudromach nan coimhearsnachdan, leithid iad sin a tha co-cheangailte ri atharrachadh gnàth-shìde agus fulangas coimhearsnachd, agus a' brosnachadh dhaoine òga a dhol an sàs ann am prògraman gnìomha coimhearsnachd. Faodaidh Amasan Leasachaidh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte ionnsachadh a shaidhbhreachadh a thaobh LFS [<http://www.globalgoals.org/>].

Còraichean chloinne – Tha suidheachaidhean èiginn a' solarachadh co-theacsa cudromach airson ionnsachadh mu chòraichean chloinne agus mar as urrainn do choimhearsnachdan obrachadh còmhla gus a dhèanamh cinnteach gu bheil gach neach sàbhailte agus tèarainte, gu sònraichte buidhnean sam bith a dh'fhaodadh a bhith gu h-àraidh so-leònte no le feum air cuideachadh sònraichte. Faodaidh beachdachadh air fulangas coimhearsnachd tro chòraichean chloinne taic a chur ris an seo. [[Còraichean Chloinne](#)].

Leasachadh an Luchd-obrach Òg (DYW) – Tha fighe a-steach air sgilean comais-obrach agus mothachadh do chùrsaichean-dreuchd aig gach ìre, ag uidheamachadh luchd-ionnsachaidh le sgilean ionnsachaidh, beatha agus obrach. Tha sinn eòlach air seirbheisean nan solas ghorma, teine, poilis agus carbad-eiridinn, agus an obair a tha iad a' dèanamh gus ar coimhearsnachdan a dhìon. Ach, tha fulangas coimhearsnachd a' toirt fìor chothrom air mothachadh a thogail do phroifeiseantaich fulangais eile a tha gar cuideachadh, a' gabhail a-steach planaichean èiginn, oifigearan catharra tuiteamais is stiùireadh tuileachaidh. [[Geàrr-iomradh de Leasachadh an Luchd-obrach Òg](#)].

Eag-sgoiltean Alba – Tha prògram ùraichte nan Eag-sgoiltean a' ceangal fulangas coimhearsnachd ri obair air tèaman a tha fèin-stiùirichte, ionadail agus cruinneil a tha ceangailte ri Amasan Leasachaidh Seasmhach. Mar eisimpleir, faodaidh adhbharan airson tuileachadh ionadail is cruinneil an rannsachadh tro obair Eag-sgoiltean a dh'ionnsaigh Amas 11 (Bailtean is Coimhearsnachdan Seasmhach) agus Amas 13 (Gnìomh Gnàth-shìde) [[Eag-sgoiltean Alba](#)].



Luchd-ionnsachaidh a' tadhal air sgeama drèanaidh bailteil seasmhach (SUDS) gus ionnsachadh mun dòigh sa bheil ar dachaighean air an dìon bho thuileachadh. An dealbh le cead Oilthigh Obar Tatha.

DÈ AS URRAINN DO SGOILTEAN A DHÈANAMH

- **Fighe a-steach** fulangas coimhearsnachd mar cho-theacsa airson ionnsachadh taobh a-staigh a' churraicealaim gus tuigse luchd-ionnsachaidh do na h-adhbharan airson chùisean-èiginn a leasachadh agus mar a dh'fhaodas buaidh a bhith aca air coimhearsnachdan.
- **Àrach** sgilean, comasan agus buadhan luchd-ionnsachaidh gus an cuideachadh gu bhith nan daoine misneachail agus fulangach.
- **Deasbad** shuidheachaidhean mar chlas – **Dè dhèanadh tu nan ... ?**
- **Cuideachadh** luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaicean gu ullachadh airson chùisean-èiginn le bhith a' mineachadh mar a chumas iad fiosraichte, uidheam 'baga-deiseil' a dhèanamh agus plana a chur an àite

- **Mothachadh a thogail** do dh'àireamhan fòn cudromach agus don taic a tha ri fhaotainn nuair a thachras cùisean-èiginn.
- **Stèidheachadh** buidheann fulangas coimhearsnachd sgoile, 's dòcha ceangailte ris a' chomataidh slàinte agus sunnd. Dh'fhaodadh am buidheann cruinneachaidhean sgoile mìosail a stiùireadh air tèaman fulangas coimhearsnachd agus fulangas coimhearsnachd adhartachadh tro sheachdain *Deiseil airson a' Gheamhraidh* <https://www.readyscotland.org/are-you-ready/severe-weather/flooding/>
- **Tadhalan a rèiteachadh** air sgeamaichean dìon bho thuiltean san sgìre agad.
- **Comharrachadh** dhaoine sa choimhearsnachd agad, mar sheann luchd-còmhnaidh a dh'fhaodadh a bhith taingeil airson cuideachadh bhut – tabhainn cuideachadh a thoirt dhaibh le ceannach grosaireachd no gnìomhan deatamach eile leithid glanadh sneachda is deigh bho na slighean coiseachd aca.
- **Cuir fios** gu an ùghdarras ionadail agad a dh'fhaighinn a-mach a bheil buidheann fulangas coimhearsnachd san sgìre agad agus a dh'fhaicinn mar a gheibh thu an sàs ann. Faodaidh prìomh àite a bhith aig sgoiltean ann am planaichean èiginn ionadail agus uaireannan an cleachdadh airson àiteachan-fuirich èiginneach a sholarachadh.



2,000km

de lionra rathaid ann an cunnart bho thuileachadh



500km

de rèile a' dol tro àiteachan ann an cunnart mhòr



200,000 heactair

de thalamh àiteachais ann an cunnart bho thuileachadh

FÒCAS AIR TUILEACHADH

Is e tuileachadh aon de na suidheachaidhean èiginn as cumanta ann an Alba agus tha e a' toirt buaidh air mòran dachaighean is choimhearsnachdan. Faodadh gnìomhadh an-dràsta airson ullachadh mu choinneamh tuileachaidh do dhachaigh agus do chuid-seilbhe a dhìon, agus do chuideachadh gu faighinn thairis air nas luaithe nuair a thachras tuiltean.

Is iad na prìomh sheòrsaichean tuiltean ann an Alba:

- Tuileachadh aibhne – nuair a bhios aibhnichean is uillt a' spreadhadh am bruachan mar thoradh air tomhas mòr de dh'uisge
- Tuileachadh oirthireach – lain àrda agus stoirmean a' cruthachadh ìrean àrda mara neo-àbhaisteach no suailichean mòra
- Tuileachadh air an uachdar – sìleadh-uisge trom a' lìonadh nan drèanaichean agus na sàidhbhearan a bhios an uair sin a' cur thairis.

DÈ AS URRAINN DHUINN A DHÈANAMH AIRSON FUIREACH SÀBHAILTE?



Biodh fios agad air do chunnart – coimhead air mapa thuiltean SEPA a dh'fhaicinn a bheil an sgìre sa bheil thu ann an cunnart bho thuileachadh.



Soidhnig suas le Floodline aig [<http://www.floodlinescotland.org.uk>] gus rabhaidhean teacsa fhaighinn gus am faigh thu fios ro-làimh mu thuiltean san amharc.

Cruthaich plana tuileachaidh – dèan cinnteach gu bheil thu air smaoineachadh air gach ball den teaghlach agus na dòchoimhneach do pheataichean.

Ullaich do 'baga-deiseil' de nithean deatamach. Cuimhnich gum faod thu a bhith a-mach às an taigh agad airson làithean



DÈ BHIOS A' DOL ANN AN ACAINN TUILE TEAGHLAICH?

Bu chòir toirdse, acainn ciad chobhair, brògan is aodach blàth agus dìonach, solar chungaidhean leigheis òrdaichte, uisge ann am botail, biadh, miotagan rubair, solar chloinne, solar pheataichean, fiosrachadh àrachais, rèidio làimhe agus bataraidhean a bharrachd agus baga-droma air eagal 's gum feumar falbh, a bhith ann.



SLÀINTE AGUS SUNND – DLEASTANAS NAN UILE

- Dèanamh measadh agus làimhseachadh cunnart.
- Iad fhèin agus càch a dhìon.
- Taisbeanadh mar a chumas iad iad fhèin agus daoine eile sàbhailte.
- Faighinn a-mach mun t-saoghal fharsaing obrach.

CUSPAIREAN SÒISEALTA - CRUINN-EÒLAS

- Thoir cunntas air pròiseasan fiosaiseach mòr-thubaist agus luachaich a' bhuidh air na daoine agus air a' chruth-tìre.
- Gabh pàirt ann an gabhail cùram don àrainneachd agus brosaich càch gu sin a dhèanamh cuideachd, biodh seo na fhòcas aig a' chlas.
- Tomhais agus clàraich an aimsir agus deasbaid air mar a tha e a' toirt buaidh air a' bheatha làitheil.
- Rannsaich agus lorg feartan inntinneach den àrainneachd ionadail mar sgeamaichean dìon tuileachaidh agus bi comasach an cur air mapa.
- Dèan deasbad mu thimcheall cleachdadh fearainn agus na coimhearsnachd.
- Dèan coimeas agus iomsgaradh eadar an sgìre ionadail agus àiteigin eile – ciamar a tha iad a' dèiligeadh ri tuileachadh agus cùisean fulangais eile?

TEICNEÒLAS

- Tuairmsich agus tomhais a' cleachdadh ionnsramaidean is aonadan iomchaidh.
- Leasaich agus cleachd ro-innleachdan fuasglaidh cheistean airson modailean a thogail.

LITEARRACHD

- Sgaoil fiosrachadh mu fhuireach sàbhailte tro òraid/taisbeanadh aig cruinneachadh agus don chlas iomlan.
- Deasbaid cùisean ionadail mar sgeamaichean dìon tuileachaidh agus fuireach sàbhailte ann an cùisean-èiginn.
- Thoir cunntas air agus roinn eòlasan mu chùisean fulangais a tha air buaidh a thoirt orra, tro chruthachadh teacsa labhairte no sgrìobhte.
- Cruthaich teacsaichean sgrìobhte ùra mar bhileag fiosrachaidh no leabhran sàbhailteachd.
- Cleachd co-theacsa ionadail gus fiosrachadh a lorg agus a chleachdadh ann an sgrìobhadh aithisg.

SAIDHEANS

- Minich cuid de na pròiseasan a tha a' cur ri atharrachadh gnàth-shìde.
- Lorg comharran de ghalaran cumanta air an adhbharachadh le bitheagan.
- Aithnich mar a tha bitheagan air an sgaoileadh agus deasbaid mar a tha cuid de dhòighean air galar a chasg agus a leigheas, na bhuanachd don chomann-shòisealta.
- Dèan sgrùdadh mar a tha an corp ga dhìon fhèin an aghaidh galar.
- Thoir cunntas air mar a tha banachdaichean gar dìon.
- Rannsaich modhan a thathar a' cleachdadh airson fìor-ghlanadh uisge gus sgaoileadh air galar a chasg.

Togail modail de dhrèanadh bailteil seasmhach. Dealbh bho Oilthigh Obar Tatha.



TAIC DO SGOILTEAN

STÒRASAN FEUMAIL


Tha oifigearan fulangais bho na h-ùghdarrasan ionadail air feadh Alba a' cuideachadh sgoiltean gu ionnsachadh mu fhulangas coimhearsnachd ann an àireamh de dhòighean brosnachail:

- Roinn mion-fhiosrachadh mu raointean thuiltean, sgeamaichean dìon bho thuileachadh agus raointean ùidhe eile san sgìre ionadail.
- Roinn fiosrachadh mu phlanaichean gnìomha coimhearsnachd is chùis-èiginn gus am bi sgoiltean mothachail do dh'oidhirpean air an coimhearsnachd ionadail a dhìon agus an taic as urrainn dhaibh a sholarachadh aig amannan èiginn.
- Roinn dàta agus ìomhaighean bho sheansaran, leithid sgrùdaidhean trafaig, gus an t-ionnsachadh a thoirt beò sa chlasrum.

- Alba Deiseil [<https://www.readyscotland.org/>]
- Crois Dhearg Bhreatainn [<http://bit.ly/RedCrossTchg>]
- Clann SEPA [<http://www.floodlinescotland.org.uk/floodline-kids/>]
- Uisge na h-Alba [<http://bit.ly/ScotshWtr>]
- Rach Sàbhailte Alba [<http://www.gosafescotland.com/>]
- RNLI [<http://bit.ly/RNLIwbste>]
- Ath-riochdachadh Alba – faigh a-mach cò ris a bhiodh atharrachadh gnàth-shìde coltach ann an Alba tro shia uidheaman lèirsinn [<http://bit.ly/ClmtRdyPIcs>]
- Tha stòrasan tarsainn raon de chuspairean ann an Lion Àrainneachd Alba [<https://www.environment.gov.scot/>]
- Na h-Amasan Cruinneil airson Leasachadh Seasmhach – stòrasan gus cuideachadh le ionnsachadh is teagasg mu Amasan Leasachaidh Seasmhach [<http://www.globalgoals.org/>]

Cuir fios chun an ùghdarras ionadail agad a dh'fhaighinn tuilleadh a-mach mu dheidhinn dè dh'fhaodadh a bhith ri fhaotainn airson do sgoil a chuideachadh ag ionnsachadh mu fhulangas coimhearsnachd.

An Taigh Tuile a Ghabhas a Chàradh



Air a fhreagarrachadh bhon ìomhaigh thùsail aig Com-pàirteachas Oirthreach an Easter Solent (www.escp.org.uk)

Diagram bho Defra.

Ìomhaigh le cead SEPA.





Cur crìoch air mosàig do bhalla tuile Bhreichin.
Dealbh bho Chomhairle Aonghais.



FULANGAS COIMHEARSNACHD ANN AN GNÌOMH

Bun-sgoil Dallas, Moireibh

Bha tuileachadh mòr ann am baile Dallas ann an 2014. Nochd seo feum air ionnsachadh mu ffulangas coimhearsnachd agus planadh èiginneach. Chruthaich luchd-ionnsachaidh mapa sgèilichte 3D den sgìre ionadail aca ann am papier-mâché, a chuidich iad gu tuigsinn carson a thachair an tuileachadh. Thàinig sgoilearan gu bhith nan com-pàirtichean èifeachdach nuair a chaidh ceangal a dhèanamh leis an oifigear planaidh èiginn agus SEPA, a chuidich iad a' cruthachadh plana ffulangais coimhearsnachd. Chaidh am pròiseact a chleachdadh gu soirbheachail mar cho-theacsa ionnsachaidh ann an litearrachd, saidheans, cuspairean sòisealta agus slàinte is sunnd. Chuir e taic cuideachd ri gnìomhachd Eag-sgoiltean.

Acadamaidh Dhùn Phris, Dùn Phris is Gall-ghàidheil

Tha Acadamaidh Dhùn Phris ri taobh Abhainn Nid a bhios a' tuileachadh gu minig. Chleachd an tidsear cruinn-eòlais seo mar chothrom air ceangal a dhèanamh ris an àrainneachd ionadail. Chaidh cuireadh a thoirt do dh'oifigearan tuile bruidhinn ris a' chlas gus mineachadh nas mionaidiche a thoirt dhaibh mu na tha an àite airson na coimhearsnachd a chumail sàbhailte. Thadhail an clas air làrach sgeama dìon tuileachaidh a bha molta a thuilleadh air luchd-bùtha ionadail air an tug tuileachadh buaidh. Neartaich seo obair cùrsa a thaobh tuileachadh is aibhnichean.

Sgeama dìon tuile Bhreichin

Thug na h-einnseanairean a bha ag obair air sgeama dìon tuile Bhreichin cothroman do sgoiltean ionadail tadhal orra. Tha na h-einnseanairean a' planadh air clasrum a-muigh a chruthachadh ann an aon de na bancaichean-tuile gus sgoiltean ionadail a bhrosnachadh gu an t-àite a chleachdadh mar chlasrum. Tha a' choimhearsnachd air a bhith an sàs ann an dealbhadh mhosàigean don bhalla tuile.

CEISTEAN MEÒRACHAIL

- Ciamar a ghabhas ffulangas coimhearsnachd a chleachdadh mar cho-theacsa taobh a-staigh a' churraicealaim gus ionnsachadh a dhèanamh nas buntainniche agus nas tarraingiche do luchd-ionnsachaidh?
- Ciamar as urrainn do ffulangas coimhearsnachd taic a chur ri ionnsachadh eadar-chuspaireil agus ionnsachadh airson seasmhachd?
- Dè na cothroman a th' ann airson tèaman a thaobh ffulangas coimhearsnachd a ghabhail a-steach do ur STEM, Eag-sgoiltean, còraichean chloinne no leasachadh ghnìomhan an luchd-obrach òg?
- Dè an taic, na cothroman agus com-pàirtichean coimhearsnachd a tha rim faotainn gu h-ionadail gus taic a chur ri ionnsachadh mu ffulangas coimhearsnachd?